

10 Cèitean 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir,

San Fhaoilleach 2018, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na fhuair iad a-mach bhon sgrùdadadh air Àrd-sgoil Gheàrrloich. Ri linn nan ullachaidhean eadar-amail a bha nan àite airson a' cheannaird an gnìomh, dh'iarr sinn aithisg air Roinn na Gàidhealtachd mu adhartas na sgoile leis na raointean a chaidh aontachadh airson an leasachadh.

An uair a chaidh an aithisg seo fhaotainn, dh'aontaich sinn ris a' chomhairle gun deigheadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh agus sgioba on chomhairle chun na sgoile còmhla gus leirmheas a dhèanamh air an sgoil. Chaidh an lèirmheas seo a choileanadh sa Ghearran 2019. An dèidh an lèirmheis, thug a' chomhairle dhuinn aithisg a' toirt dealbh air na leasachaidhean air an d' fhuaras fianais rè an turais. Gheibhear an aithisg adhartais aig <https://gairlochhigh.org.uk/parents/documents/>

Aig an àm a thadhail an dà bhuidheann air an sgoil, bha a' chomhairle air tòiseachadh às ùr air a' phròiseas trusaidh airson ceannard maireannach. On uair sin, tha a' chomhairle air innse dhuinn gu bheil iad air ceannard maireannach a shuidheachadh. Ann a bhith a' dèanamh lèirmheas air an fhianais air fad, agus an dèidh conaltradh ris a' chomhairle, tha sinn air mothachadh gu bheil an sgoil a' tighinn air adhart. Tha sinn a-nis misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' tighinn air adhart. Cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist co-cheangailte ris an sgrùdadadh seo. Leanaidh a' chomhairle air adhart a' toirt taic dhan sgoil agus thèid fiosrachadh a thoirt do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt den ullachadh aige a thaobh a bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh